



BUTH UR ADAN,

AIREAMH 57 SRAID CHATHCART ANN AN GRIANAIG,

Euth-meadhoin Aitreabh ur Mhr. Chan-Shroin,

AN DARA BUTH SIAR AIR BANC UR NA H-ALBA,

Fa-chomhair Taigh-Osda na h-Earba Baine.

THA MAC-PHARLAIN AGUS A CHUIDEACHD, gu taingeil
a tairgseadh buidheachais air son gach iomadh fabhar
agus aobhar misnich a fhuair iad bho'n a thòisich iad ri
gnothaichean, a's tha iad an drasda gn sònraichte, air son
a dheanamh aithnichte gu'm beil lion-mhorachd àdan aca
dean-te fo'n sùl-bheachd féin, anns gach seorsa fàsain agus
meudachd—Aireamh mliòr de dh' Adan finealta Beabhair
—Adan-marcachd air son Bhaintighearnan—Adan buan'
aodrum so-lubaiddh—Adan aodruim a leigeas a ghaoth
a dh'iunnsaidh a chinn—Adan Seilge—Adan ro laidir a
sheasas an t-uisge—Adan Sioda air Connlaich-Ghallda—
Adan barraichte cloimhe—Adan daite soilleire cloimhe air
son an t-shàmhraiddh, gu leir sa'chumadh ùr—mar an ceudna
aireamh lion-mhor de dh' Adan libhidi dubha, an taobh
a staigh air an deanamh de chloimh le cruitean àrda,
iosal, agus meadhonach, le cuairtean caol' agns leathan—
Mòran de dh' àdan Ghalla-Bhodach, agus àdan *Sheumais*
Fheannaig! agus mar sin sios. Adan air an deanamh
dheth gach cumadh meudachd agus dath do reir mar as
miann leis an flear-cheannaich. Theid ro-chùram a
ghabhail de dh' òrdaidhean Cheannaichean Dùthcha.

Bucais-àd air an deanamh de Leathar—Pocanan siùbhail,
agus Abarsgaigean leathair—Faluinnean-uachdair
Mhic-an-Tòisich air nach druigh na seachd Siantan
Sgaileanan-uisge Sioda, agus Canaich—Grian-Sgaileachan
dheth gach seòra. Curraichdean Dhaoine agus Chloinne—
Curraichdean-fairigidh Stuic-muineil—Lamhainean Spòranan—
Criosan-feilidh—Gartanan, A.M.S.S.

 *Grian-Sgaileachan, agus Sgaileanan-uisge brist
air an caradh.*

GRIANAIG : CLO-BHUAILTE LE IAIN CHALUM.

